



Dr Raghnaid Fhriseal

Tha Dr Raghnaid Fhriseal na saidhceòlaiche clionaigeach co-cheangailte ri àm breith ann an Glaschu. Bidh i ag obair còmhla ri pàrantan, feadhainn a tha gu bhith nam pàrantan, agus a' chlann bheag aca. Tha i cuideachd na màthair 's dà bhalach aois sgoile aice.

Tha i air a bhith ag obair ann an iomadh roinn den NHS, suidheachaidhean Màthair agus Pàiste, Slàinte Inntinn Coimhearsnachd, Leigheas-inntinn Èiginneach agus Dian nam measg. Airson grunn bhliadhnachan tha i cuideachd air a bhith na Saidhceòlaiche Clionaigeach Comhairleachaidh airson buidheann de luchd-fianais eòlach co-cheangailte ri Cùirt an Teaghlaich.

Rinn i trèanadh gu ire Dotaireachd ann an Saidhceòlas Clionaigeach aig Oilthigh Essex/ Clionaig Tavistock far an do rinn i rannsachadh aig Ionad Anna Freud air an dàimh eadar màthair agus pàiste. Tha i air trèanadh a dhèanamh ann an iomadh cuspair buntainneach eile agus thug i a-mach ceum MSc ann an Slàinte Inntinn aig Colaiste an Rìgh, Lunnainn/Institiud Leigheas-inntinn le fòcas air saidhco-teiripe saidhco-daineamaig.

An-dràsta tha i ag obair mar Stiùiriche Clionaigeach an NHS air prògram ùr-nodha a tha a' toirt taic airson ùine ghoirid do dhaoine a tha a' nochdadh aig seirbheisean slàinte is iad ann an àmhghar mòr.

Tha i cuideachd a' co-òrdanachadh obair sgiobaidhean Bunait Pàrant-Pàiste na h-Alba, agus ag obair an lùib a' charthannais Amma Birth Companions ann an Glaschu.